

# N5

National 5  
Course  
Specification



## Nuadh-eòlas Nàiseanta 5

Còd a' chùrsa:	C875 75
Còd measaidh a' chùrsa	X875 75
SCQF:	ìre 5 (24 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2024–25

Tha an sònraichadh càrsa a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus measadh càrsa gus dèanamh cinnteach gum bi measadh cunbalach agus follaiseach bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a tha air am measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan is òraídichean agus tha a h-uile fiosrachadh àithnteil ann a dh'fheumar gus an càrsa a libhrigeadh.

An t-eagan seo: An t-Sultain 2024, dreach 4.0

© Ùghdarris Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2019, 2024

# Clàr-innse

<b>Geàrr-iomradh a' chùrsa</b>	<b>1</b>
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus Amasan	2
Cò dhà a tha an càrsa seo?	3
<b>Susbaint a' chùrsa</b>	<b>4</b>
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh	11
<b>Measadh a' chùrsa</b>	<b>12</b>
Structar measadh a' chùrsa: pàipear nan ceistean	12
Structar measadh a' chùrsa: obair shònraichte	13
Rangachadh	16
<b>Co-ionannas is in-ghabhaltas</b>	<b>17</b>
<b>Tuilleadh fiosrachaidh</b>	<b>18</b>
<b>Pàipear-taice: notaichean taice a' chùrsa</b>	<b>19</b>
Ro-ràdh	19
A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse	19
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh, teagast agus measadh	19
Ag ullachadh airson measadh càrsa	20
A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh	22

# Geàrr-ionradh a' chùrsa

Tha 24 puingean creideis SCQF sa chùrsa, a tha a' toirt a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bharalach a bheir tagraiche airson an cùrsa a chriochnachadh.

Tha dà cho-phàirt ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharra	Faid
Co-phàirt 1: pàipear nan ceistean	80	2 uair agus 20 mionaid
Co-phàirt 2: obair shònraichte	20	1 uair a thìde

Inntrigeadh ga mholadh	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh don chùrsa seo an urra ris an ionad.</p> <p>Bu chòir gu bheil tagraichean air a' cheathramh ìre den churraicealam no an cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 4 a choileanadh, no teisteanasan agus/no eòlas co-ionann fhaighinn, mus tòisich iad air a' chùrsa seo.</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>◆ teisteanasan eile ann an Nuadh-eòlas no raointean co-cheangailte</li><li>◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh no trèanadh</li></ul>

## Cùmhnantan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a chaidh a choileanadh thar a h-uile pàirt de mheasadh a' chùrsa.

## Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann sùbailteachd, a' toirt barrachd ùine seachad airson ionnsachadh, a' cur barrachd fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Bidh a h-uile càrsa a' toirt chothroman do thagraichean farsaingeachd, dùbhlann agus cur an gnìomh a leasachadh. Bidh fòcas agus cothromachadh a' mheasaidh air an dèanamh freagarrach do gach cuspair.

Bidh an càrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 a' brosnachadh thagraichean a bhith a' leasachadh tuigse nas fheàrr air saoghal an latha an-diugh agus air an àite aca ann. Bidh cothroman aca air seasamhan cudromach a leasachadh, leithid spèis air luachan, creideasan is cultaran dhaoine eile; fosgailteachd do smaoineachadh ùr agus do bheachd-smuainean ùra; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tha an càrsa a' cur cuideam air leasachadh sgilean agus gan cur an gnìomh. Bidh am fòcas air measadh a dhèanamh air stòran agus dèanamh cho-dhùnaidhean a' leasachadh sgilean smaoineachaiddh, a bharrachd air sgilean ann an littearrachd agus àireamhachd. Bidh na gnìomhachdan sgrùdail agus gnìomhachdan smaoineachaiddh bhreithneachail a' toirt chothroman do thagraichean eòlas cudromach fhaighinn ann a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd ag obair leotha fhèin.

## Adhbhar agus Amasan

Bidh an càrsa a' cleachdadadh modh-obrach ioma-chuspaireil gus eòlas is tuigse nan tagraichean a leasachadh air cùisean poilitigeach is sòisealta an latha an-diugh ann an co-theacsaichean ionadail, Albannach, na Rioghachd Aonaichte agus eadar-nàiseanta. Bidh tagraichean a' leasachadh sgilean airson eadar-mhìneachadh a dhèanamh air, agus pàirt a ghabhail anns, na pròiseasan sòisealta is poilitigeach ris am bi iad a' coinneachadh nam beatha.

Bidh tagraichean a' leasachadh:

- ◆ raon de sgilean rannsachaiddh is làimhseachadh fiosrachaiddh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh measadh air fiosrachadh/ fianais gus taic a thoirt do, agus a dhol an aghaidh, beachd; a' dèanamh bhreithean agus a' tarraing cho-dhùnaidhean; a' togail argamaidean mionaideach; a' conaltradh bheachdan, barailean, breithean agus co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais
- ◆ tuigse mhionaideach air a' phròiseas dheimocratach
- ◆ tuigse mhionaideach air cùisean sòisealta is eaonamach aig irean ionadail, Albannach, nàiseanta agus eadar-nàiseanta
- ◆ dòighean airson feumalachdan agus neo-ionannachdan a làimhseachadh
- ◆ tuigse air diofar bheachdan air an ire dom bu chòir don stàit eadraiginn a dhèanamh ann an comann-sòisealta
- ◆ tuigse air nàdar rèiteach-còmhstri agus na pròiseasan na lùib

- ◆ tuigse air còraichean is dleastanasan daonna is laghail agus mar a thathar gan cur an gniomh ann an diofar chomainn-shòisealta

## Cò dhà a tha an cursa seo?

Tha an cursa iomchaidh do raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, bho thagraichean a tha airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air comann-sòisealta an latha an-diugh agus air an àite aca fhèin ann, gu tagraichean a tha ag iarraidh adhartachadh gu trèanadh nas speisealta, foghlam adhartach, no cosnadh.

# Susbaint a' chùrsa

Tha trì raointean rannsachaidh sa chùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte; Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte; Cùisean eadar-nàiseanta. Tha tòrr sùbailteachd ann a thaobh nan cuspairean a dh'fhaodar sgrùdadh taobh a-staigh gach raon gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

### Sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean, eòlas agus tuigse cuspair a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ a' leasachadh agus a' cur an gniomh sgilean, eòlas agus tuigse mhionaideach ann an co-theacsan poilitigeach, sòisealta no eadar-nàiseanta
- ◆ le stiùireadh, a' rannsachadh agus a' cleachdad fiosrachadh a chaith a chruinneachadh bho raon de stòran mu chûisean an latha an-diugh air a bheilear eòlach sa mhòr-chuid
- ◆ a' cleachdad raon de stòran fiosrachaidd gus taic a thoirt do, agus a dhol an aghaidh, bheachdan
- ◆ a' toirt seachad reusanan mionaideach airson cho-dhùnaidhean
- ◆ a' cur taic mhionaideach ri co-dhùnaidhean dligheach
- ◆ a' nochdad eòlas is tuigse air na priomh phròiseasan deamocratach, buidhnean stèidhichte is buidhnean eile a tha a' dèanamh suas beatha phoilitigeach ann an Alba agus/no san RA le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan firinneach is mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' nochdad eòlas is tuigse air cùis chudromach shòisealta ann an Alba no san RA, a' cur fòcas an dara cuid air neo-ionannachd shòisealta no eucoir is an lagh, le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan firinneach agus mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' nochdad eòlas is tuigse air cùis eadar-nàiseanta, co-cheangailte an dara cuid ri cumhachd cudromach an t-saoghal no ri cùis chruinneil an latha an-diugh, le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan firinneach agus mìneachaidhean mionaideach

### Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air sgilean, eòlas agus tuigse a tha ga shamplachadh ann am measadh a' chùrsa.

#### Co-phàirt 1: pàipear nan ceistean

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean. Feumaidh tagraichean aon phàirt a fhreagairt bho gach earrann. Tha roghainnean anns gach earrann gus cothrom a lìbhrigeadh airson pearsanachadh is taghadh. Bidh pàipear nan ceistean a' samplachadh bhon eòlas is tuigse mar a leanas:

## Earrann 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

Bidh tagraichean a' leasachadh eòlas is tuigse air siostam poilitigeach na RA, a' gabhail a-steach an t-àite a th' aig Alba taobh a-staigh an t-siostaim seo. Faodaidh tagraichean an uair sin taghadh a dhèanamh air co-theacsachean airson sgrùdadadh, air an tarraing an dara cuid bho shiostam poilitigeach na h-Alba no bho shiostam poilitigeach na Rìoghachd Aonaichte. Bidh tagraichean a' leasachadh eòlas is tuigse air na prìomh bhuidhnean stèidhichte is buidhnean eile a tha an sàs ann am beatha phoilitigeach sa cho-theacsa thaghte aca. Bidh iad a' leasachadh eòlas is tuigse air na dòighean sa bheil an comann-sòisealta a' faighinn fiosrachadh mun t-siostam phoilitigeach agus sa bheil iad comasach air pàirt a ghabhail ann is buaidh a thoirt air. Bidh iad a' leasachadh tuigse air an còraichean is an dleastanasan ann an comann-sòisealta poilitigeach deamocratach an latha an-diugh.

### Eòlas is tuigse

Roghainn 1: Deamocrasaidh ann an Alba	Roghainn 2: Deamocrasaidh san RA
<p><b>Cumhachd is Co-dhùnaidhean</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ feartan comann sòisealta poilitigeach deamocratach</li> <li>◆ cùisean tiomnaichte is glèidhte</li> <li>◆ dreuchd is cumhachdan Prìomh Mhiniestear na h-Alba</li> </ul> <p><b>Com-pàirteachadh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ còraichean is dleastanasan dhaoine fa leth</li> <li>◆ cothroman do dhaoine fa leth</li> <li>◆ taghaidhean is iomairtean (àite dhaoine fa leth, phàrtaidhean poilitigeach agus nam meadhanan)</li> </ul> <p><b>Buaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ nam meadhanan <b>agus an dara cuid</b></li> <li>◆ buidhnean strì <b>no</b></li> <li>◆ aonaidhean-ciùird</li> </ul> <p>(Bu chòir gu bheil sgrùdadadh den bhuidhinn thaghte a bhith a' cur fòcas air dreuchd, adhbhar, amasan, dòighean-obrach agus luachadh breithneachail air an ìre dham bheil buaidh ga cleachdad dhannan an deamocrasaidh.)</p> <p><b>Riochdachadh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dreuchd nam BPA</li> <li>◆ riochdachadh bhoireannach is mion-bhudhnean</li> <li>◆ adhbhar, fuincsean is ballrachd Chomataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba</li> </ul>	<p><b>Cumhachd is Co-dhùnaidhean</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ feartan comann sòisealta poilitigeach deamocratach</li> <li>◆ cùisean tiomnaichte is glèidhte</li> <li>◆ dreuchd is cumhachdan a' Phrìomhaire</li> </ul> <p><b>Com-pàirteachadh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ còraichean is dleastanasan dhaoine fa leth</li> <li>◆ cothroman do dhaoine fa leth</li> <li>◆ taghaidhean is iomairtean (àite dhaoine fa leth, phàrtaidhean poilitigeach agus nam meadhanan)</li> </ul> <p><b>Buaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ nam meadhanan <b>agus an dara cuid</b></li> <li>◆ buidhnean strì <b>no</b></li> <li>◆ aonaidhean-ciùird</li> </ul> <p>(Bu chòir gu bheil sgrùdadadh den bhuidhinn thaghte a bhith a' cur fòcas air dreuchd, adhbhar, amasan, dòighean-obrach agus luachadh breithneachail air an ìre dham bheil buaidh ga cleachdad dhannan an deamocrasaidh.)</p> <p><b>Riochdachadh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dreuchd nam BP</li> <li>◆ riochdachadh bhoireannach is mion-bhudhnean</li> <li>◆ adhbhar, fuincsean is ballrachd Taigh nam Morairean</li> </ul>

Roghainn 1: Deamocrasaidh ann an Alba	Roghainn 2: Deamocrasaidh san RA
<p><b>Siosaman bhòtaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ priomh fheartan is builean an t-siostaim a thathar a' cleachdad gus BPA a thaghadh gu Pàrlamaid na h-Alba, a' gabhail a-steach neartan is laigsean an t-siostaim seo</li> </ul>	<p><b>Siosaman bhòtaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ priomh fheartan is builean an t-siostaim a thathar a' cleachdad gus BP a thaghadh gu Pàrlamaid na RA, a' gabhail a-steach neartan is laigsean an t-siostaim seo</li> </ul>

### Earrann 2: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte

Faodaidh tagraichean taghadh air cùisean sòisealta taobh a-staigh na h-Alba is na RA. Bidh co-theacsachean airson sgrùedad a' cur fòcas air an dara cuid neo-ionannachd shòisealta no eucoir is an lagh.

Sa cho-theacsa neo-ionannachd shòisealta, bidh tagraichean a' cur fòcas air taobhan sòisealta is eaonomach de neo-ionannachd shòisealta an latha an-diugh san RA. Bidh iad a' leasachadh eòlas is tuigse air adhbharan is builean neo-ionannachd shòisealta agus air oidhirpean an riaghaltais, bhuidhnean eile is dhaoine fa leth gus dèiligeadh ris.

Sa cho-theacsa eucoir is an lagh, bidh tagraichean a' cur fòcas air nàdar, ire is adhbharan eucoir, air a' bhuaidh a tha aig eucoir air daoine fa leth agus air a' cho-chomann-shòisealta agus a' pàirt a th' aig daoine fa leth, aig na poilis agus aig an t-siostam laghail is an stàit ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Airson measadh a' chùrsa, feumar eòlas is tuigse agus luachadh breithneachail air Neo-ionannachdan Sòisealta no Eucoir is an Lagh a bhith air an cleachdad thairis air **co-dhiù dhà** de na buidhnean a leanas:

- ◆ clas sòisealta
- ◆ aois
- ◆ gnè
- ◆ mion-bhudhnean

## Eòlas is tuigse

Roghainn 1: Neo-ionannachd shòisealta	Roghainn 2: Eucoir agus an Lagh
<p><b>Nàdar neo-ionannachd shòisealta</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ nàdar is ìre neo-ionannachd ann an Alba agus san RA</li> <li>◆ fianais air neo-ionannachdan sòisealta ann an Alba agus/no san RA, leithid aithisgean oifigeil agus rannsachadh acadamaigeach</li> </ul> <p><b>Adhbharan neo-ionannachd shòisealta is eaconamach</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cosnadh/cion-cosnaidh</li> <li>◆ teachd-a-steach</li> <li>◆ buileachadh foghlaim</li> <li>◆ leth-bhreith</li> </ul> <p><b>Buaidhean neo-ionannachd shòisealta is eaconamach</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ air daoine fa leth</li> <li>◆ air teaghlaichean</li> <li>◆ air coimhairsnachdan</li> <li>◆ air a' chomann-shòisealta nas fharsainge</li> </ul> <p><b>Freagairtean do neo-ionannachd shòisealta</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>Freagairtean an Riaghaltais</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean an riaghaltais do neo-ionannachd</li> <li>— èifeachdas freagairtean an riaghaltais</li> </ul> </li> <li>◆ <b>Roinn phriobhaideach</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean na roinne priobhaidh do neo-ionannachd</li> <li>— èifeachdas fhreagairtean priobhaideach</li> </ul> </li> <li>◆ <b>Roinn shaor-thoileach</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean na roinne saor-thoileach do neo-ionannachd</li> <li>— èifeachdas freagairtean na roinne saor-thoileach</li> </ul> </li> </ul>	<p><b>Nàdar Eucoir</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ nàdar is ìre eucoir ann an Alba agus san RA</li> <li>◆ fianais de dh'eucoir ann an Alba agus/no san RA, leithid aithisgean oifigeil agus aithisgean acadamaigeach</li> </ul> <p><b>Adhbharan airson eucoir</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan is mìneachaidhean sòisealta airson eucoir</li> <li>◆ adhbharan is mìneachaidhean eaconamach airson eucoir</li> <li>◆ adhbharan is mìneachaidhean bith-eòlasach airson eucoir</li> </ul> <p><b>Builean eucoir</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ air ciontaich</li> <li>◆ air fulangaichean</li> <li>◆ air teaghlaichean</li> <li>◆ air coimhairsnachdan</li> <li>◆ air a' chomann-shòisealta nas fharsainge</li> </ul> <p><b>Siostam ceartas na h-eucorach</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dreuchd is structar nan cùirtean eucorach (a' gabhail a-steach siostam èisteachd na cloinne)</li> <li>◆ cumhachdan nan cùirtean eucorach (a' gabhail a-steach siostam èisteachd na cloinne)</li> <li>◆ èifeachdas nan cùirtean eucorach ann an dèiligeadh ri eucoir</li> </ul> <p><b>Freagairtean do dh'eucoir</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>Freagairtean riaghaltais</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean an riaghaltais do dh'eucoir</li> <li>— èifeachdas freagairtean an riaghaltais</li> </ul> </li> <li>◆ <b>Poileas</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— dreuchd, structar is cumhachdan a' phoilis ann an Alba</li> <li>— èifeachdas a' phoilis ann an Alba ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir</li> </ul> </li> <li>◆ <b>Priosanan</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— adhbhar is èifeachdas phriosanan</li> <li>— adhbhar is èifeachdas roghainnean eile an àite phriosanan</li> </ul> </li> </ul>

### **Earrann 3: Cùisean Eadar-nàiseanta**

Faodaidh tagraichean taghadh air co-theacsaichean sgrùdaidh. Feumaidh co-theacsaichean sgrùdaidh a bhith nan sgrùdadadh sòiseo-eaconamach is poilitigeach an dara cuid air cumhachd cudromach an t-saoghail no air cùis chruinneil chudromach.

Bidh sgrùdadadh air cumhachd an t-saoghail a' cur fòcas air siostam poilitigeach cumhachd an t-saoghail, air na dàimhean eadar-nàiseanta aige agus air cùisean sòiseo-eaconamach taobh a-staigh cumhachd cudromach an t-saoghail. Feumaidh an cumhachd cudromach an t-saoghail a thathar a' rannsachadh a bhith air a tharraing à measg aon de na dùthchannan G7 (a' fàgail a-mach an RA) no bho aon de na leanas: Brasil, Sìona, na h-Innseachan, An Ruis, Afraga a Deas.

Tha an sgrùdadadh air cùis an t-saoghail a' cur fòcas air cùis chudromach o chionn ghoirid, na h-adhbharan agus na builean, agus oidhirpean airson fuasgladh. Feumaidh cùis an t-saoghail a thathar a' sgrùdadadh a bhith na cùis an latha an-diugh a tha a' toirt buaidh air grunn dhùthchannan. Feumaidh cùis an t-saoghail tarraing à aon de na cùisean cruinneil seo a leanas:

- ◆ còmhstri chudromach roinneil no eadar-nàiseanta (cogadh no ceannairc)
- ◆ cùis eaconamach chudromach roinneil no eadar-nàiseanta
- ◆ cùis dhaonndachdail chudromach roinneil no eadar-nàiseanta

## Eòlas is tuigse

Roghainn 1: Cumhachd an t-Saoghal	Roghainn 2: Cùis an t-Saoghal
<p><b>Siostaman cìse</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ siostam poilitigeach</li> <li>◆ com-pàirteachadh</li> <li>◆ riochdachadh</li> </ul> <p><b>Buaidh air dùthchannan eile</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh phoilitigeach</li> <li>◆ buaidh eaconamach</li> <li>◆ buaidh armailteach</li> </ul> <p><b>Cùisean sòisealta is eaconamach</b></p> <p>Bu chòir <i>tri cùisean aig a' char as lugha a sgrùdad</i>. Bu chòir gu bheil co-dhiù aon chùis a bhith na cùis shòisealta agus aon na cùis eaconamach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cosnad</li> <li>◆ bochdainn/neo-ionannachd</li> <li>◆ gluasad sluaigh</li> <li>◆ slàinte</li> <li>◆ foghlam</li> <li>◆ eucoir is an lagh</li> </ul> <p><b>Èifeachdas ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean sòisealta is eaconamach</b></p> <p>Bu chòir <i>tri cùisean aig a' char as lugha a sgrùdad</i>. Bu chòir gu bheil co-dhiù aon chùis a bhith na cùis shòisealta agus aon na cùis eaconamach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cosnad</li> <li>◆ bochdainn/neo-ionannachd</li> <li>◆ gluasad sluaigh</li> <li>◆ slàinte</li> <li>◆ foghlam</li> <li>◆ eucoir is an lagh</li> </ul>	<p><b>Nàdar is adhbharan na còmhstri/cùise</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan poilitigeach</li> <li>◆ adhbharan sòisealta</li> <li>◆ adhbharan eaconamach</li> </ul> <p><b>Builean na còmhstri/cùise</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh orrasan air an tugadh buaidh sa bhad</li> <li>◆ buaidh air dùthchannan eile is na riaghaltasan aca (a' gabhail a-steach an RA)</li> <li>◆ builean roinneil agus/no builean eadar-nàiseanta nas fharsainge</li> </ul> <p><b>Oidhirpean gus a' chòmhstri/chùis fhuasgladh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buidhnean dà-thaobhach, roinneil agus/no eadar-nàiseanta — dreuchd agus rùintean</li> <li>◆ oidhirpean armailteach gus còmhstri/cùisean fhuasgladh</li> <li>◆ oidhirpean neo-armailteach gus còmhstri/cùisean fhuasgladh</li> </ul> <p><b>Measadh air buidheann(buidhnean) eadar-nàiseanta ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chòmhstri/chùis</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ fianais air soirbheachadh/fàilligeadh</li> <li>◆ adhbharan airson soirbheachadh/fàilligeadh</li> <li>◆ builean soirbheachais/fàilligidh</li> </ul>

## **Co-phàirt 2: obair shònraichte**

Tha roghainn fhosigailte aig tagraichean airson cuspair no cùis Nuadh-eòlais. Bu chòir gu bheil an roghainn aca co-cheangailte ri cùis phoilitigeach, shòisealta no eadar-nàiseanta an latha an-diugh agus cha bu chòir dhi a bhith cuingealaichte ri susbaint pàipear nan ceistean.

Tha sgilean, eòlas is tuigse a tha sa chùrsa freagarrach airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaидh air feartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF ([www.scqf.org.uk](http://www.scqf.org.uk)).

# Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnайдh

Bidh an cursa seo a' cuideachadh thagraichean gus sgilean farsaing, coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean seo stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha is Sgilean Cosnaidh](#) agus a' tarraing bho na priomh raointean sgilean a leanas:

## 1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

## 2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

## 4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

## 5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh

Feumar na sgilean sin fhighe a-steach sa chùrsa far a bheil cothroman freagarrach ann, agus bu chòir gu bheil an ìre iomchaidh airson ìre a' chùrsa.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' togail sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh air a thoirt seachad ann an notaichean taic a' chùrsa.

# Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear san sgrìobhainn seo.

Bidh measadh a' chùrsa a' coileanadh prìomh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd – a' tarraing air eòlas is sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlànan – a' cur feum air barrachd doimhneachd no leudachaiddh air eòlas agus/no sgilean
- ◆ cur an gnìomh – a' cur feum air eòlas agus/no sgilean a bhith air an cur an gnìomh ann an co-theacsan practaigeach no teòiridheach mar a bhios iomchaidh

Bidh seo a' leigeil le tagraichean a bhith:

- ◆ a' tarraing air, a' leudachadh agus a' cur an gnìomh nan sgilean, eòlas is tuigse a tha iad air fhaighinn tron chùrsa.
- ◆ a' leudachadh agus a' cur an gnìomh an sgilean, eòlas is tuigse

Tha sgilean, eòlas is tuigse a tha sa chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF ([www.scqf.org.uk](http://www.scqf.org.uk)).

## Structar measadh a' chùrsa: pàipear nan ceistean

### Pàipear nan ceistean

### 80 comharra

Tha pàipear nan ceistean a' leigeil le tagraichean sealltainn mar a tha iad a' cur an gnìomh na sgilean agus leudachadh eòlais is tuigse a leanas bho na sgilean, eòlas is tuigse airson na h-earrainn measadh a' chùrsa.

- ◆ a' cur taic ri is a' cur an aghaidh beachd le bhith a' cleachdadhbh raon cuibhrichte de stòran fiosrachaidh
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnadh is ga fhìreanachadh le bhith a' cleachdadhbh raon cuibhrichte de stòran fiosrachaidh
- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean is a' cur taic riutha le bhith a' cleachdadhbh raon cuibhrichte de stòran fiosrachaidh
- ◆ a' toirt seachad tuairisgeulan mionaideach is mìneachaidhean le beagan mion-sgrùdaidh

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean. Tha dà phàirt roghnach anns gach earrann, agus anns gach roghainn feumaidh tagraichean ceithir ceistean a fhreagairt: tha trì ceistean a' dèanamh measadh air eòlas is tuigse; tha a' cheathramh ceist a' dèanamh measadh air sgilean luachaiddh le cleachdadhbh stòran.

Anns gach earrann tha ceistean cuingealaichte/leudaichte far am feum tagraichean tarraing air an eòlas is tuigse agus cur an gnìomh na sgilean a thog iad rè a' chùrsa. Tha diofarachadh taobh a-staigh gach ceiste.

### **Earrann 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean a fhreagairt air deamocrasaidh ann an Alba no san Rìoghachd Aonaichte.

### **Earrann 2: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean a fhreagairt air neo-ionannachd shòisealta no air eucoir is an lagh.

### **Earrann 3: Cùisean Eadar-nàiseanta**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean a fhreagairt air cumhachdan an t-saoghal no air cùisean an t-saoghal.

Tha 80 comharra sa cho-phàirt pàipear nan ceistean a-mach à 100 comharra uile gu lèir airson measadh cùrsa. Mar sin, tha luach 80% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa ann am pàipear nan ceistean.

### **A' seatadh, a' libhridgeadh agus a' comharrachadh pàipear nan ceistean**

Tha pàipear nan ceistean seo air a sheatadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus tha e air a libhridgeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaith a shònraction airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA. Bidh tagraichean a' coileanadh seo ann an 2 uair agus 20 mionaid.

Bithear a' foillseachadh pàipearan eisimpleir airson cùrsaichean Nàiseanta 5 air làrach-lìn SQA. Bidh iad sin a' nochdadhbhò, structar agus riatanasan nam pàipearan-cheistean a bhios tagraichean a' gabail. Bidh na pàipearan eisimpleir cuideachd a' gabail a-steach stiùireadh comharrachaidh.

## **Structar measadh a' chùrsa: obair shònraighe**

### **Obair shònraighe**

### **20 comharra**

Tha an obair shònraighe a' leigeil le tagraichean dùbhlan is cur an gnìomh a thaisbeanadh le bhith a' nochdadhbhò, eòlais is tuigse a leanas:

- ◆ a' taghadh, leis an ìre as lugha de thaic, cuspair no cùis Nuadh-eòlais a tha freagarrach
- ◆ a' lorg co-dhiù dà stòr, de dhiofar seòrsaichean, ann an dòigh a tha cho neo-eisimeileach 's a ghabhas, agus a' cruinneachadh fianais fhreagarrach bhuapa
- ◆ a' dèanamh measadh air èifeachdas an dà stòir a chaith a chleachdad, a' toirt beachd air na neartan is laigsean aca far a bheil sin iomchaidh
- ◆ a' cur an gnìomh sgilean Nuadh-eòlais a thaobh na fianaise a chaith a chruinneachadh
- ◆ a' tarraing air eòlas is tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùedad a dhèanamh air priomh fheartan a' chuspair no cùise
- ◆ a' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir, le taic bho fhianais, mun chuspair no cùis

Bidh tagraichean a' cleachdadhe stòran comharrachte rè na h-ìre toradh fianais. Tha teamplaid structaraichte ri faotainn airson toradh na fianaiste.

Tha 20 comharra sa cho-phàirt obair shònraichte a-mach à 100 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa. Mar sin, tha luach 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa san obair shònraichte.

### **A' seatadh, a' libhrigeadh agus a' comharrachadh na h-obrach sònraichte**

Tha an obair shònraichte air a seatadh le ionadan a rèir stiùireadh SQA. Tha SQA a' toirt seachad fiosrachadh air mar a bhithear a' dèanamh measadh air cruthachadh fianais. Tha roghainn fhosgailte aig tagraichean airson cuspair no cùis Nuadh-eòlais an latha an-diugh. Bithear a' cur fianais gu SQA airson comharrachadh on taobh a-muigh. Tha comharrachadh uile air a dhearbhadh airson caileachd le SQA.

Tha dà ìre aig an obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ toradh fianais

### **Ùine**

Ann an ìre an rannsachaidh, bidh tagraichean a' taghadh cuspair no cùis a bheir cothrom dhaibh mion-sgrùdadh a dhèanamh air cùis an latha an-diugh. Bidh iad a' rannsachadh na cùise agus ag eagrachadh an toraidhean airson dèiligeadh ris a' chuspair, a' cleachdadhe nan stòrasan sònraichte a chruinnich iad tron rannsachadh aca gus taic a thoirt dhaibh ann an toradh na fianaise. Tha ìre an rannsachaidh air a deilbh a bhith air a coileanadh thar ùine bheachdach de 8 uairean a thìde.

Bu chòir do thagraichean ìre an rannsachadh a ghabhail os làimh aig àm iomchaidh sam bith sa chùrsa. Mar as trice, bidh seo nuair a tha iad air na sgilean, eòlas is tuigse riatanach a leasachadh.

Feumar toradh na fianaise airson measadh a choileanadh taobh a-staigh uair a thìde agus ann an aon uidhe. Bu chòir do thagraichean an ìre toradh fianais a ghabhail os làimh ann an ùine gus an ceann-latha a shuidhich SQA a choileanadh.

### **Aireachas, smachd agus dearbhadh**

Tha ìre an rannsachaidh ga stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodas tagraichean pàirt den obair a choileanadh air falbh bhon t-suidheachadh ionnsachaidh is teagaisg aca, gum bu chòir do luchd-measaидh pròiseasan a chur air dòigh gus sùil a chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gur ann leis an tagraiche fhèin a tha an obair, agus nach robh mèirle-sgriobhaidh ann. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-mail le tagraichean
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàr gniomhachdan/adhartas an tagraiche
- ◆ beachd-sùla an neach-mheasaïdh

Bithear a' gabhail ri dòighean obair-buidhne mar phàirt de dh'ìre an rannsachaidh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith ann bho gach tagraiche gu bheil iad air riatanasan na fianaise a choileanadh.

Tha an ìre toradh fianais ga stiùireadh fo ìre àrd de dh'aireachas agus smachd. Tha seo a' ciallachadh:

- ◆ gum feum tagraichean a bhith ann an sealladh dìreach an neach-mheasaidh (no a' phearsa eile air a bheil an t-uallach) rè a' mheasaidh
- ◆ nach fhaod iad conaltradh ri chèile
- ◆ gum bu chòir cothrom a bhith aca air an duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais aca a-mhàin

## Stòrasan

Rè ìre an rannsachaidh, chan eil cuibhreachaidhean sam bith air na stòrasan air am faodadh cothrom a bhith aig tagraichean. Rè na h-ìre mu dheireadh de thoradh fianais, bu chòir gu bheil cothrom aig tagraichean air an duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais aca a-mhàin.

'S e adhbhar na duilleige rannsachaidh Nuadh-eòlais tagraichean a chuideachadh ann a bhith a' taisbeanadh toraidhean an rannsachaidh aca agus a' cur an gniomh an sgilean, eòlas agus tuigse. Cha bhithear a' comharrachadh na duilleige rannsachaidh. Ach feumar a chur a-steach gu SQA còmhla ris an obair shònraichte bhon tagraiche.

## Cuideachadh reusanta

Bu chòir do luchd-measaidh stiùireadh reusanta a thoirt seachad mu na seòrsaichean cuspair no cùise a bheir comas do thagraichean riatanasan uile na h-obrach sònraichte a choileanadh. Faodaidh iad cuideachd tagraichean a stiùireadh a thaobh faotainneachd is ruigsinneachd nan stòrasan airson a' chuspair no cùise a thagh iad.

Bu chòir gu bheil tagraichean ag obair air an rannsachadh aca leis an ìre as lugha de thaic bhon neach-measaidh.

Feumaidh luchd-measaidh an dleastanas proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin an fhianais a chuir tagraiche a-steach.

Feumaidh tagraichean toradh na fianaise a ghabhail os làimh gu neo-eisimeileach. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tachair toradh na fianaise. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' ga cleachdad gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnad cus cuideachaidh. Ma tha tagraichean ag iarraidh barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodte nach eil iad deiseil airson measadh no 's dòcha gun deach an inntrigeadh don ìre teisteanais cheàrr.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann de thagraichean: m.e. comhairle air mar a ghabhas plana pròiseict a leasachadh. Faodaidh e cuideachd a bhith air a thoirt do thagraichean fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt seachad aon-ri-aon ann an co-theacs rudeigin a tha an tagraiche air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh, agus feumaidh luchd-measaidh a bhith mothachail gum faodadh seo a bhith a' dol thairis air cuideachadh reusanta.

Ann an ìre an rannsachaidh, faodaidh cuideachadh reusanta a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ a' steòrnadh thagraichean don stiùireadh do thagraichean
- ◆ a' soilleireachadh stiùireadh/riatanasan a' ghnìomha
- ◆ a' comhairleachadh thagraichean a thaobh taghadh cuspair no cùis
- ◆ a' comhairleachadh thagraichean air stòran fiosrachaидh a tha comasach
- ◆ a' cur air dòigh tursan gus cruinneachadh fianais a chomasachadh
- ◆ sgrùdaidhean adhartais eadar-amail

Ann a bhith ag ullachadh airson na h-ìre toradh fianais, faodaidh cuideachadh reusanta a bhith a' gabhail a-steach comhairleachadh thagraichean air nàdar agus meud nan stòrasan ainmichte a dh'fhaodar a chleachdadh mar thaic do thoradh fianais.

Aig ìre sam bith, cha bhi cuideachadh reusanta a' gabhail a-steach:

- ◆ a' toirt a' chuspair no cùise airson an tagraiche
- ◆ a' stiùireadh thagraichean do stòrasan ainmichte rin cleachdad
- ◆ a' toirt seachad freagairtean modail
- ◆ a' toirt seachad ais-fhiosrachadh mionaideach air dreachdan, a' gabhail a-steach comharrachadh

## Fianais ri thional

'S e an fhianais tagraiche a dh'fheumar airson a' mheasaidh seo:

- ◆ obair shònraichte air a dèanamh fo ìre àrd de dh'aireachas air an teamplaid aithisg Nuadh-eòlais
- ◆ an Duilleag Rannsachaidh Nuadh-eòlais, a tha cuingealaichte ri dà thaobh shingilte A4

## Meud

Chan eil àireamh fhaclan ann airson na h-obrach sònraichte; ach tha an Duilleag Rannsachaidh cuingealaichte ri dà dhuilleag shingilte A4.

## Rangachadh

Tha rang iomlan airson tagraiche ga shònachadh leis a' choileanadh aca thar measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa ga rangachadh A gu D a rèir a' chomharra iomlain airson a h-uile phàirt de mheasadh a' chùrsa.

### Tuairisgeul ìre airson C

Aig ìre C, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadadh coileanadh soirbheachail a thaobh nan sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

### Tuairisgeul ìre airson A

Aig ìre A, mar as trice bidh tagraichean air nochdadadh ìre chunbalach àrd de choileanadh a thaobh nan sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

# **Co-ionannas is in-ghabhalas**

Tha an càrsa seo air a dheilbh a bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas gun bhacaidhean neo-riatanach air ionnsachadh no measadh.

Gheibhear stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh airson tagraichean ciorramach agus/no iadsan le feumalachdan taic a bharrachd air an duilleig-lìn rèiteachaidhean measaidh:

[www.sqa.org.uk/assessmentarrangements](http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements).

# Tuilleadh fiosrachaidh

Tha na sgrìobhainnean reifreans a leanas a' toirt seachad fiosrachadh agus cùl-fiosrachadh feumail:

- ◆ [Duilleag cuspair airson Nuadh-eòlas Nàiseanta 5](#)
- ◆ [Rèiteachaidhean measaidh](#)
- ◆ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ◆ [Stiùireadh air cumhaichean measaidh airson obair-chùrsa](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadhl](#)
- ◆ [Rannsachadh SQA a rinneadh o chionn ghoirid](#)
- ◆ [Measadhl aig astar](#)
- ◆ [Leabhar-làimhe SCQF](#)
- ◆ [Ìre gach teisteanas a rèir Frèam-obrach Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba \(SCQF\).](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)

# Pàipear-taice: notaichean taice a' chùrsa

## Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taice seo àithnteil. Bidh iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan is òraídichean mu dhòighean-obrach san tèid an cursa a libhrigeadh. Bu chòir an leughadh an co-bhonn ris an t-sònrrachadh cursa seo agus pàipear nan ceistean agus/no obair-chùrsa.

## A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad tuilleadh comhairle agus stiùiridh mu sgilean, eòlas is tuigse a dh'fhaodadh a bhith sa chùrsa. Bu chòir do thidsearan is òraídichean iomradh a thoirt air an t-sònrrachadh cursa seo airson nan sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag aig luchd-dealbhaidh cursa gus co-theacsan ciallach a thaghadh a bhrosnaicheas agus a bheir dùbhlan do na tagraichean aca, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

## Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh, teagasg agus measadh

Tha an cursa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 a' dèanamh sgrùdadhbh air taobhan de chomann-sòisealta an latha an-diugh. Tha cothroman ann air feadh a' chùrsa gus ionnsachadh ath-dhaingneachadh agus a dhoimhneachadh le bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar taobhan de dh'eòlas is tuigse, a rèir nan cuspairean is cùisean àraid a thathar a' sgrùdadhbh.

Chan eilear a' moladh òrdugh teagaisg sam bith airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean air raon de chuspairean a sgrùdadhbh mus tagh iad ceist nuadh-eòlaibh airson na h-obrach sònraichte aca. Bu chòir gu bheil leasachadh sgilean na phàirt de dh'ionnsachadh is teagasg bhon fhìor thoiseach gus tagraichean a chuideachadh le an sgilean adhartachadh air feadh a' chùrsa.

Bidh tagraichean ag ionnsachadh nas fheàrr nuair a tha iad:

- ◆ a' tuigsinn gu soilleir na tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh, agus na thathar a' sùileachadh bhupa
- ◆ a' faighinn ais-fhiosrachadh mu chàileachd na h-obrach aca agus na dh'fhaodas iad a dhèanamh airson a leasachadh
- ◆ a' faighinn comhairle air mar a ghabhas leasachaidhean a dhèanamh agus iad an sàs gu h-iomlan ann an co-dhùnaidhean air an ath cheum a dh'fheumar a ghabhail
- ◆ air fios fhaighinn air cò a b' urrainn an cuideachadh ma bhios feum aca air

Bu chòir do thidsearan is òraídichean:

- ◆ ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh agus taic a chur ris
- ◆ tagraichean a chuideachadh gus riatanasan a' chùrsa a thuigsinn le bhith a' co-roinn ionnsachadh agus/no slatan-tomhais measaidh
- ◆ ais-fhiosrachadh èifeachdach a lìbhrigeadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh gus amasan ionnsachaидh a stèidheachadh dhaibh fhèin
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh gus meudachd an eòlais a th' aca mar-thà a mheasadh
- ◆ fèin-luachadh agus luachadh chomhaoisean a bhrosnachadh
- ◆ ceistean a chur gu h-èifeachdach, a' cleachdadh ceasnachadh àrd-ìreil mar a tha iomchaidh

Le bhith a' cleachdadh measadh airson adhbharan oideachaidh, faodar cuideachadh gus buileachadh àrdachadh le bhith:

- ◆ a' toirt seachad ais-fhiosrachadh
- ◆ a' toirt cunntas air adhartas
- ◆ a' comharrachadh neartan nan tagraichean agus raoointean airson leasachadh

## Ag ullachadh airson measadh càrsa

### Pàipear nan ceistean

Bu chòir gu bheil freagairtean do cheistean air eòlas is tuigse (ceistean KU) a bhith a' gabhail a-steach oidhirpean gus freagairtean a leudachadh le bhith a' cleachdadh eisimpleirean sònraichte bho 'fhìor shaoghal' an latha an-diugh. Bu chòir do thagraichean cumail ris an t-seòladh ann an ceistean KU a tha ag iarraidh orra 'dà dhòigh'/'trì adhbharan aig a' char as mothà' a thoirt seachad agus dèanamh cinnteach gu bheil na freagairtean aca a' leantainn an stiùridh sin. Bu chòir seachnad bho bhith a' sgrìobhadh barrachd, oir chan fhaighear creideas ach bhon dà/trì phuingean as fheàrr ann am freagairt.

Bu chòir do thagraichean puingean a leasachadh gu h-iomlan sna freagairtean aca gus ceistean KU a mhìneachadh le bhith a' dèanamh oidhirp gus cruth air choreigin de mhion-sgrùdad bho bhith a' seachad. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gum bi puingean leasaichte sna freagairtean aca air an creideasachadh leis an uas-mheud de 4 comharran a tha ri fhaotainn airson puing shingilte leasaichte.

Bu chòir gu bheil freagairtean thagraichean do cheistean sgilean a' dèanamh coimeas eadar statistigs, a' sealltainn atharrachaidhean thar ùine, a' sealltainn eadar-dhealachaidhean agus a' toirt seachad beachd a tha a' dèanamh measadh. Bu chòir do thagraichean briathrachas a chleachdadh leithid 'meudachadh/lùghdachadh cudromach' agus 'a' nochdad bho bhith a' seachad beachd a tha a' dèanamh mion-sgrùdad bho bhith a' seachad.

Bu chòir gu bheil freagairtean thagraichean don cheist roghainn/sgilean co-dhùnaidh an-còmhnaidh a' cur an cèill gu soilleir dè an roghainn a thagh iad agus a bheil iad a' toirt taic do no a' cur an aghaidh beachd sònraichte. Bidh seo a' leigeil le tagraichean freagairt nas structaraichte a thoirt seachad. Bu chòir gu bheil tagraichean cuideachd a' tuigsinn riatanasan pàirt (iii) den cheist roghainn — 'mìnich carson nach do thagh thu an roghainn eile' — agus freagairt ri seo gu h-iomchaidh.

Bu chòir gu bheil freagairtean thagraichean do cheistean sgilean co-dhùnaidh a' dèanamh soilleir dè an co-dhùnadhl le puingean-peileir ris a bheil iad a' dèiligeadh — faodaidh fo-chinn a bhith a' cuideachadh le seo agus fòcas a thoirt do fhreagairtean thagraichean. Airson làn chomharran fhaighinn, bu chòir gu bheil puingean gan leasachadh le bhith a' tighinn gu co-dhùnadhl tùsail is lèirsinneach le taic bho bharrachd is aon phìos fianais air a tharraing an dara cuid bho dhà stòr no bho phàirtean eadar-dhealachte den aon stòr.

## Obair shònraichte

### A' taghadh cùis no cuspair nuadh-eòlais a tha freagarrach

Feumaidh tagraichean cuspair a thaghadh a tha a' dèiligeadh gu soilleir ri cùis nuadh-eòlais bhuntainneach an latha an-diugh. Thathar a' comhairleachadh thagraichean nach bu chòir dhaibh cuspairean nuadh-eòlais a cho-mheasgachadh le obraichean sònraichte ann an cuspairean eile, air chor 's gum bi iad a' seachnadh cleachdadhl fiosrachadh neo-bhuntainneach no eachdraidheil, m.e. cunntasan/tuairisgeulan de dh'eucoirean/eucoraich eachdraidheil; marbhadh tròcaire; còraichean bheathaichean; peanas-bàis; no coirbeachd ann an spòrs.

### Duilleag rannsachaidh nuadh-eòlais

Bu chòir do thagraichean an duilleag rannsachaidh (dà dhuilleag shingilt A4) a chleachdadhl airson fianais a thoirt seachad gu bheil iad air an rannsachadh fhèin a dhèanamh. Chan fhaod tagraichean a cleachdadhl mar phlana. Chan fhaighear creideas sam bith airson lethbhreac dìreach a dhèanamh bho dhuilleagan rannsachaidh agus, far nach eilear air fianais rannsachaidh a chomharrachadh, chan urrainnear làn chomharran fhaighinn. Far a bheilear a' cleachdadhl fianais rannsachaidh sam bith a tha 'còdaichte', bithear a' dèiligeadh rithe mar lethbhreacadhl dìreach.

### Modhan rannsachaidh

San earrainn 'modhan rannsachaidh' den obair shònraichte, bu chòir gu bheil tagraichean a' dèanamh measadh breithneachail air dà mhodh a chleachd iad fhad 's a bha iad a' dèanamh an rannsachaidh aca. Far a bheil freagairtean a' dèanamh bheachdan coitcheann mu mhodhan rannsachaidh, no far nach eil iad a' dèanamh iomradh sònraichte air rannsachadh an tagraiche fhèin, cha toirear seachad comharran sam bith.

### Toraidhean

San earrainn 'toraidhean' den obair shònraichte, bu chòir do thagraichean eòlas mionaideach a nochdadhl air a' chuspair a thagh iad. Faodaidh freagairtean thagraichean iomradh a thoirt air eòlas a fhuair iad tron rannsachadh agus a tha a' dol thar nan amasan aca. Cha bu chòir gum bi fiosrachadh a tha a' co-fhreagairt ri co-dhùnaidhean thagraichean mun chùis air a ghabhail a-steach san earrainn seo. Gus cothrom fhaighinn air an raon ionlan de chomharran a tha rim faotainn airson 'toraidhean', feumaidh freagairtean thagraichean co-dhiù aon cheangal dìreach a dhèanamh san earrainn seo ris na modhan rannsachaidh.

### **Co-dhùnайдhean**

Far a bheil tagraichean air modh-obrach a chleachdad far a bheil iad air beachd-bharail is amasan a chur air adhart, dh'haodadh iad dèiligeadh riutha sin ann an earrann nan co-dhùnайдhean san aithisg aca. Far a bheil tagraichean air suirbhidh a chur air dòigh, dh'haodadh iad co-dhùnайдhean mionaideach a dhèanamh le taic làidir bhon rannsachadh aca, agus faodar an cleachdad san earrainn seo gus cothrom fhaighainn air an raon ionlan de chomharran. Far a bheil freagairtean ag ath-aithris fiosrachadh air an do rinneadh ionradh roimhe san earrainn 'toraidhean', chan fhaigh iad creideas sam bith.

## **A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh**

Bu chòir do luchd-planaidh a' chùrsa cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa airson tagraichean a bhith a' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh.

Bu chòir gu bheil tagraichean mothachail air na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt seachad mu chothroman gus an cleachdad agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh.

Dh'haodadh gum bi cothroman ann cuideachd sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nan dòighean-obrach a thathar a' cleachdad gus an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Tha seo airson tidsearan is òraidichean fa leth a riaghlaidh.

Tha comhairle a bharrachd air mar a dh'fhaodar sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a leasachadh ri fhaighinn gu h-ìosal.

## 1 Litearrachd

Tha nuadh-eòlas freagarrach airson sgilean litearrachd a leasachadh, gu h-àraidh leughadh is sgrìobhadh. Bu chòir gu bheilear a' brosnachadh thagraichean a bhith a' leughadh cho farsaing 's a ghabhas agus a bhith a' dèanamh sgrìobhadh leudaichte far a bheil e iomchaidh gus adhartas a chomasachadh gu teisteanasan eile ann an nuadh-eòlas no ann an raointean co-cheangailte, agus ann an saoghal na h-obrach. Is dòcha gum faigh iad eòlas air sgilean èisteachd is labhairt ann an còmhraidhean is deasbadan sa chlas.

Sa chùrsa, tha cothrom aig tagraichean iomadh taobh de litearrachd a leasachadh. Mar eisimpleir, faodaidh iad caochladh theacsainchean a leughadh mun chuspair no cùis a tha iad a' sgrùdad, a' gabhail a-steach raon de phàipearan-naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad iad sin a sgrùdadh còmhla ri rannsachadh acadaimigeach no aithisgean riaghaltais aig ire fhreagarrach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad comasach air beachdachadh air iomadh diofar sheòrsa de theacsa, agus air na buannachdan is cuingealachdan aca, a thaobh fiosrachadh a thoirt seachad a bhios gan cuideachadh gus an obair shònraichte aca a choileanadh.

Tha obair shònraichte Nuadh-eòlaistàit Nàiseanta 5 cuideachd a' leigeil comas farsaing airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh. Faodaidh tagraichean cunntas is geàrr-chunntas a thoirt seachad air an rannsachadh a rinn iad, measadh is luach a dhèanamh air diofar stòran, agus beachdan is barailean a chur an cèill a thuilleadh air meòrachadh pearsanta a dhèanamh air na dh'ionnsaich iad.

### 1.1 Leughadh

Bidh tagraichean ann an nuadh-eòlas a' leasachadh an sgilean litearrachd ann an dòighean cudromach le bhith a' leughadh:

- ◆ pàipearan-naidheachd (faodaidh seo cuideachd sgilean a leasachadh a thaobh cur taic ri is dol an aghaidh bheachdan le bhith a' cleachdad fiosrachadh msaa)
- ◆ litreachas iomairtean, m.e. bileagan phàrtaidhean poilitigeach/buidhnean-stri, postairean, fiosrachadh air làraichean-lìn
- ◆ blogaichean
- ◆ leabhrachaean-latha
- ◆ a' taghadh fiosrachadh buntainneach bho stòr

### 1.2 Sgrìobhadh

Bidh tagraichean ann an nuadh-eòlas a' leasachadh nan sgilean sgrìobhaidh aca sna dòighean a leanas:

- ◆ a' cruthachadh cheisteachan/suirbhidhean
- ◆ a' cruthachadh cheistean agallaimh
- ◆ a' sgrìobhadh litrichean gu riochdairean

- ◆ a' cruthachadh manifestothan phàrtaidhean poilitigeach, aithisgean mu eucoir ionadail, faidhlichean fiosrachaiddh dùthchail, msaa
- ◆ a' leasachadh sgilean sgrìobhaidd notaichean le bhith a' taghadh, mar eisimpleir:
  - priomh phuingean fiosrachaiddh bho làrach-lìn Pàrlamaid na RA no Pàrlamaid na h-Alba
  - fiosrachadh buntainneach bho raon de stòrasan mu eucoir is an lagh
  - priomh phuingean bho stuth lèir-chlaisteach mu chùis an t-saoghal
  - fiosrachadh bho làraichean-lìn no bho chriomagan bhidio/DVD a chunnacas sa chlas
- ◆ a' dreachdadhbh is ag ath-dhreachdadhbh gheàrr-chunntasan bho notaichean
- ◆ ag ullachadh notaichean airson pàirt a ghabhail ann an còmhradh is deasbad
- ◆ ag eagrachadh smuaintean le bhith a' dèanamh mapa bhun-bheachdan le fiosrachadh mionaideach airson adhbharan ath-sgrùdaidh
- ◆ a' dreachdadhbh is ag ath-dhreachdadhbh stuthan airson aithisg no aiste co-cheangailte ri cùis
- ◆ ag ath-leasachadh smuaintean le bhith a' sgrìobhadh lèirmheas den obair aca fhèin agus a' gabhail notaichean mu phlanaichean airson adhartas
- ◆ a' conaltradhbh gu làidir le bhith a' sgrìobhadh òraid air cuspair sònraighe a thèid a thaisbeanadh sa chlas

## 2 Àireamhachd

Tha sgilean àireamhachd gan leasachadh tro luachadh raon de stòran fiosrachaiddh àireamhachail, staitistigeil is grafaigail nuair a thathar a' gabhail os làimh gnìomhan stèidhichte air stòran agus tro chothroman rannsachaidh.

Tha an dòigh sa bheilear a' làimhseachadh stòran ann an nuadh-eòlas a' toirt chothroman airson dèiligeadh ri raon de ghrafaichean, clàran is cairtean:

- ◆ Airson chûisean poilitigeach, tha mòran stòran de dhàta ann air taghaidhean o chionn ghoirid air am faodadh tagraichean cothrom fhaighinn, no a dh'fhaodar a thoirt dhaibh, mar phàirt de ghniomh far am feum iad graf-dealbhach a dhèanamh asta.
- ◆ Airson chûisean sòisealta, dh'fhaodadh tagraichean suirbhidhean no ceisteachain a dhealbhachadh agus a ghabhail os làimh mu bhochdainn no mu eucoir agus am fiosrachadh a thaisbeanadh ann an clàr no graf.
- ◆ Airson cumhachd an t-saoghal sam bith, tha dàta foirmeil staitistigeach ann a dh'fhaodas tagraichean a chleachdadhbh airson adhbharan rannsachaidh. Dh'fhaodadh tagraichean dàta a ghabhail agus atharrachadh gu cruth eile, m.e. fiosrachadh ann an cruth clàir airson staitistigs air slàinte agus air atharrachadh gu graf-cholbhan.
- ◆ Airson chûisean eadar-nàiseanta, faodaidh na Dùthchannan Aonaichte a bhith nan stòr feumail airson fiosrachadh staitistigeach. Dh'fhaodadh beagan fiosrachaiddh a thoirt do thagraichean airson atharrachadh gu cruth sìmplidh gus a thaisbeanadh don chlas.
- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean rannsachadh a dhèanamh air nì sònraighe, an dara cuid nan dithisean no ann am buidhnean beaga, gus ceist stòir a chruthachadh, a' leantainn iarrtasan pàipear nan ceistean, a dh'fheumadh a h-uile duine eile sa chlas a choileanadh, m.e. dh'fhaodadh buidhnean beaga fiosrachadh a rannsachadh air diofar chûisean shòisealta no eaconamach airson na dùthcha taghte aca.

- ◆ Bu chòir gu bheil tagraichean comasach air co-dhùnaidhean a tharraing stèidhichte air dàta/fiosrachadh agus comasach air beachdachadh air dè cho earbsach 's a tha an leithid de dh'fhanais.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean stòran staitistigeach a chleachdad gus gnìomhan freagarrach a chruthachadh a tha a' dèligeadh ris an raon ionlan de cheistean nuadh-eòlais a tha stèidhichte air stòran.

### 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

San sgrùdadh aca air cùisean poilitigeach, sòisealta is eadar-nàiseanta, tha tagraichean a' coinneachadh ri is a' cleachdad raon farsaing de dh'fiosrachadh àireamhachail, grafaigeach is dealbhach. Feumaidh iad dèligeadh ri fiosrachadh staitistigeach ann an raon de chruthan, m.e. grafaichean-loidhne, clàran-clearcaill, grafaichean-cholbhan. Bu chòir dhaibh fiosrachadh a chleachdad bho raon de stòran agus a bhith comasach air measadh a dhèanamh air an dàta seo le bhith a' cur taic ri agus a' dol an aghaidh diofar bheatdan, a' cur taic ri breithneachaidhean agus a' tarraing cho-dhùnaidhean.

Tha iomadh dòigh ann sam faodar na sgilean seo a leasachadh, m.e. a thaobh chòisean poilitigeach, dh'fhaodadh toraidhean bho ghrunn Thaghaidhean Coitcheann bho chionn ghoirid a thoirt do thagraichean ann an clàran no grafaichean-cholbhan. Dh'fhaodadh am fiosrachadh a bhith a' gabhail a-steach an ceudad de shuidheachain is de bhòtaichean a fhuair pàrtaidh poilitigeach, no an àireamh/ceudad de bhoireannaich no riochdairean bho mhion-bhuidhnean cinnidheach a fhuair a-steach.

Thathar an dùil gum biodh tagraichean a' ruighinn co-dhùnadh ionlan a thaobh:

- ◆ cothromachd ann an riochdachadh, m.e. pàrtaidhean poilitigeach a fhuair àireamh mhì-chuimseach de shuidheachain an coimeas ris an àireimh de bhòtaichean a fhuair iad
- ◆ fo-riochdachadh, m.e. dh'fhaodadh tagraichean na buidhnean a chomharrachadh nach d' fhuair àireamh de riochdairean a tha co-rèireach ris an àireimh dhiubh san RA gu h-ionlan
- ◆ gluasadhan thar ùine, m.e. an àireamh de phàrtaidhean poilitigeach beaga — a bheil taic air a dhol am meud/an lughad? Dh'fhaodadh tagraichean an uair sin an gluasad comharrachte a chleachdad airson rannsachadh a bharrachd a ghabhail os làimh agus sgrùdadh a dhèanamh air dè a dh'fhaodadh sin adhbhrachadh.

## 4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

### 4.6 Saoranachd

Le bhith a' sgrùdadh deamocrasaidh san RA agus ann an Alba agus, far a bheilear air taghadh sgrùdadh a dhèanamh air cumhachd an t-saoghal, an siostam poilitigeach aig dùthaich eile no aig an Aonadh Eòrpach, tha tagraichean a' leasachadh littearrachd phoilitigeach agus a' beachdachadh air priomh bhun-bheatdan, leithid: com-pàirteachadh; riochdachadh; càraichean is dleastanasan; agus a' dèanamh co-dhùnaidhean ann an comann-sòisealta –uile glè chudromach do chuspairean saoranachd.

Faodaidh tagraichean an litearrachd phoilitigeach aca is na sgilean saoranachd aca a leasachadh sna dòighean a leanas:

- ◆ a' sgriobhadh litir gu riochdaire ionadail no nàiseanta
- ◆ a' tadhal air riochdaire ionadail sa choinneimh fhosgailte aca no san oifis aca
- ◆ a' tadhal air seòmraichean na comhairle ionadail, Pàrlamaid na h-Alba no Pàrlamaid na RA
- ◆ a' toirt cuireadh do BhPA, BP, comhairliche ionadail no riochdaire bho aonadh-ciùird bruidhinn ris a' chlas — faodaidh tagraichean ceistean agallaimh ullachadh ro-làimh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an deasbadan:
  - a' gabhail pàirt ann an taghaidhean tar-sgoile no sa chlas no gan stiùireadh
  - a' libhrigeadh òraidean, m.e. mar thagraiche ann an taghadh fuadain
  - ag obair mar phàirt de sgioba, m.e. mar phàrtaidh polilitigeach a' feuchainn ri bhith air a thaghadh

Le bhith a' sgrùdadadh chûisean sòisealta, an dara cuid taobh a-staigh neo-ionannachd shòisealta no eucoir is an lagh, bidh tagraichean a' leasachadh tuigse air cùisean iomadachd is co-ionannachd.

Tha cùisean sòisealta agus a' bhuaidh aca air daoine fa leth agus air a' chomann-shòisealta a' tabhann chothroman beairteach do thagraichean a bhith a' beachdachadh is a' meòrachadh air an t-seasamh a th' aca fhèin a thaobh a' chomainn shòisealta agus an t-àite aca fhèin agus aig càch ann. Tha an raon sgrùdaidh seo cuideachd a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a' daingneachadh an tuigse air an dòigh sa bheil an comann-sòisealta ag obrachadh agus na cùisean ris am faod iad coinneachadh san àm ri teachd.

Ge be air bith a' chùis eadar-nàiseanta a thathar a' teagast, bu chòir gu bheil e comasach a bhith a' cur fòcas air càraichean taobh a-staigh na cùise sin. Bhiodh sgriobhainnean leithid Glaodhach Coitcheann nan Còraichean Daonna agus Cùmhnant Còraichean na Cloinne bho na Dùthchannan Aonaichte glè fheumail airson cleachdadh an seo. Dh'fhaodadh liosta iomlan de Chòraichean na Cloinne a thoirt do thagraichean agus iarraidh orra comharrachadh cò na càraichean as cudromaille, nam beachd-san, don chùis a bha iad a' rannsachadh. Dh'fhaodadh seo an uair sin a bhith mar bhunait airson barrachd còmhraidh, deasbaid no rannsachaidh sa chlas.

Dh'fhaodadh tagraichean coimhead aig dòighean sam faod daoine fa leth an guthan a thogail mu chùis no còmhstri eadar-nàiseanta. Tha an raon sgrùdaidh seo cuideachd a' toirt chothroman do thagraichean a bhith a' dèiligeadh ri cùisean eadar-eisimeileachd agus eadar-cheangaltais an t-saoghail. Dh'fhaodadh an sgoil sealltainn gu bheilear a' compàirteachadh gu gniomhach ann an cùisean cruinneil tro thaic airson charthannasan leasachaidh; com-pàirteachadh ann am pròiseactan àrainneachdail; no barrachd mothachaidh air an dreuchd a bhios buidhnean-strì na h-àrainneachd agus buidhnean-strì chòraichean a' cluiche. Le bhith a' sgrùdadadh chûisean eadar-nàiseanta agus comainn-shòisealta eile, bidh tagraichean a' leasachadh sealladh nas fharsainge is nas doimhne air cùisean cudromach eadar-nàiseanta agus cuspairean beatha ann an dùthchanan eile

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

- 5.3 A' cur an gnìomh
- 5.4 A' dèanamh mion-sgrùdadh agus measadh

Tha tagraichean a' leasachadh an eòlais is tuigse air cùisean is tachartasan an latha an-diugh agus tha iad comasach an eòlas a chleachdadhe ann an tachartasan is cùisean fiora. Tha an càrsa a' brosnachadh thagraichean a bhith a' cuimhneachadh fiosrachadh, a' dèanamh mion-sgrùdadh air fiosrachadh bho stòran agus bho eòlas a chaidh a thogail, agus a' dèanamh measadh air diofar sheòrsaichean de dh'fhanais is beachdan. Bidh tagraichean a' nochdadhe nan sgilean seo tro obair clas, gnìomhan air am measadh gu foirmeil agus measadh a' chùrsa.

Tha an càrsa a' cur thagraichean an sàs ann an obair leudaichte gus mion-sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air diofar stòran. Faodaidh pìos fiosrachaide sam bith, no stòr, a bhith a' libhrigeadh stuth sgrùdaidh buntainneach, a rèir sgilean an tagraiche. Bu chòir do thidsearan is òraídichean am breithneachadh fhèin a chleachdadhe gus na tagraichean as comasaiche a stiùireadh gu stòran a tha nas ioma-fhillte agus a dh'fhaodadh a bhith nas beartiche airson fiosrachadh.

Mar phàirt de mheasadh a' chùrsa airson na h-obrach sònraichte, feumaidh tagraichean planadh, eagrachadh is leasachadh notaichean air cuspair no cùis a thagh iad. Stèidhichte air an rannsachadh seo, feumaidh iad an uair sin luachadh breithneachail a sgrìobhadh air na dòighean rannsachaidh aca, na priomh thoraidhean aca agus na co-dhùnaidhean gun tainig iad ann an uidheachadh a tha fo smachd.

# Fiosrachadh rianachd

---

**Air fhoillseachadh:** An t-Sultain 2024 (dreach 4.0)

---

## Eachdraidh atharrachaidhean air an t-sònrrachadh càrsa

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Notaichean taice a' chùrsa air an cur ris mar phàipear-taice	An Lùnastal 2017
3.0	Peanas airson dearmad air Fiosrachadh Giullaichte a chur a-steach air a chur ris an earrann 'Fianais ri thional'	An t-luchar 2019
4.0	Peanas airson dearmad air Fiosrachadh Giullaichte a chur a-steach air a chur ris an earrainn 'Fianais ri thional'  An earrann 'Tuilleadh fiosrachaide' air ath-ùrrachadh.  Atharrachaidhean ris na clàir gus an dèanamh ruigsinneach.	An t-Sultain 2024

Faodar an sònrrachadh càrsa seo ath-riochedachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach eil prothaid sam bith a' tighinn bho ath-riochedachadh agus, ma thèid ath-riochedachadh ann am pàirt, gun tèid an stòr aithneachadh. Faodar lethbhric a bharrachd den t-sònrrachadh càrsa seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdad an dreach as ùire den t-sònrrachadh càrsa.